



**MAOINICHTÉ
LEIS A'CHRANNCHUR
LOTTERY FUNDED**

Stiùireadh airson Maoin Ealain na Gàidhlig 2018-19

Gaelic Arts Fund 2018-19 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine

Chaidh Maoin nan Ealain Gàidhlig a chur air dòigh le Bòrd na Gàidhlig is Alba Chruthachail airson cothroman a chruthachadh sna h-ealain airson phròiseactan a tha a' cleachdadhbh is a' brosnachadh na Gàidhlig.

Tha Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail a' cumail taic mu thràth ri buidhnean agus pròiseactan ealain Gàidhlig air feadh na h-Alba agus tha an dà bhuidhinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha na h-ealain ann a bhith a' togail ìomhaigh cànan is cultar na Gàidhlig agus ann a bhith a' toirt chothroman do dhaoine taisbeanaidhean Gàidhlig de dhiofar sheòrsa fhaicinn is an cànan a chluinntinn.

Tha an dà bhuidhinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil luchd-ealain na Gàidhlig ag obair aig àrd-ìre agus gu bheil iad a' cur gu mòr ri ealain, eaconamaidh agus comann-sòisealta na h-Alba ann an iomadh dòigh.

Tha an dà bhuidhinn ag aontachadh gum bu chòir barrachd taice a thoirt do phròiseactan ealain a tha a' cur ris cho mòr 's a tha Gàidhlig air a cleachdadhbh am measg na feadhna a tha a' gabhail pàirt annta agus am measg an luchd-èisteachd/luchd-amhairc, gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cleachdadhbh na Gàidhlig na phàirt àbhaisteach de ar beatha, agus gus dòighean èifeachdach a dhealbh a leigeas le daoine gun Ghàidhlig tuigse fhaighinn air agus pàirt a ghabhail sna h-ealain Ghàidhlig.

About the Fund

The Gaelic Arts Fund was created by Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland to provide opportunities in the arts for projects that use and promote Gaelic.

Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland support many Gaelic arts organisations and projects across Scotland and the two organisations fully recognise the important role that the arts play in raising the profile of Gaelic language and culture as well as providing opportunities for people to see performances and hear the language spoken.

Both organisations also recognise the quality of work being produced by Gaelic artists and the fact that they are adding significantly to the artistic, economic and social wealth of Scotland.

It is agreed that more focus should be given to supporting arts projects which result in greater use of the language by participants and audiences, to normalise Gaelic usage generally, and to develop effective ways of allowing non-Gaelic speaking audience members to engage with Gaelic medium performances.

Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail aige airson cleachdadh's inbhe na Gàidhlig a chur air adhart air feadh na h-Alba.

Thèid gach iarrtas maoineachaidh a gheibh Bòrd na Gàidhlig a mheasadh a rèir nam priomhachasan a chithear sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a chaidh dhealbhachadh le Bòrd na Gàidhlig mar ro-innleachd airson a bhith a' cur cànan is cultar na Gàidhlig air adhart agus airson fàs a thoirt orra. Tha e riatanach gu bheil sibh eòlach air am Plana sin mus cuir sibh iarrtas maoineachaidh a-steach.

'S urrainn dhuibh am [Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23](#) fhaighinn air-loidhne.

Mu dheidhinn Alba Chruthachail

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann an Alba Chruthachail a tha a' toirt seachad maoineachadh às leth Riaghaltas na h-Alba is a' Chranncuir Nàiseanta.

Bidh iad a' toirt taic do na h-ealain is do na gnìomhachasan film is cruthachail gus na beachdan is pròiseactan aca a dhealbh is a thoirt gu buil.

Bidh riochdairean bho Alba Chruthachail air a' phannal mheasaidh airson na maoine seo, agus gabhaidh iad ealla ris a' Phlana 10-Bliadhna aca, am Plana Bliadhnaile aca is am Plana Gàidhlig aca nuair a tha iad a' moladh phròiseactan.

Gheibh thu am [Plana 10-bliadhna](#), [am Plana Bliadhnaile](#), is [am Plana Gàidhlig](#) aig Alba Chruthachail air an làrach-lìn aca.

About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and status of the Gaelic language throughout Scotland.

Each funding application submitted to Bòrd na Gàidhlig is assessed, in part upon the priorities as communicated in the National Gaelic Language Plan developed by Bòrd na Gàidhlig, which outlines a national strategy for the promotion and growth of Gaelic language and culture. It is vital that you are familiar with the plan before you submit a funding application.

You can find [the 2018-23 National Gaelic Language Plan](#) online.

About Creative Scotland

Creative Scotland is a Non-Departmental Public Body (NDPB) that distributes funding on behalf of the Scottish Government and the National Lottery.

They are involved in supporting the arts, the film industry and the creative industries in Scotland to develop and deliver their ideas.

Representatives of Creative Scotland will be on the assessment panel for this fund, and they will recommend projects with reference to their 10-year Plan, Annual Plan and their Gaelic Language Plan.

You can find Creative Scotland's [10-year Plan](#), [Annual Plan](#) and [Gaelic Language Plan](#) on their website.

Slatan-tomhais 's Prìomhachasan

Tha còig prìomh shlatan-tomhais a thathar a' cleachdadhbh airson measadh a dhèanamh air iarrtasan airson taic bhon mhaoin seo.

- A' toirt Fàs air Cleachdadhbh na Gàidhlig (**Riatanach**)
- Taic do luchd-ealain
- A' Cur ri Buaidh is Ruigsinneachd nan Ealain
- A' Cur ri Sgilean, Comasan is Seasmhachd
- Buaidh Eaconamach

Feumaidh am pròiseact sealltainn gun cuidich e le bhith a' toirt fàs air cleachdadhbh na Gàidhlig agus gun toir e taic do co-dhiù dà raon eile.

A' toirt Fàs air Cleachdadhbh na Gàidhlig

Feumaidh gach iarrtas sealltainn gu soilleir gun tèid barrachd chothroman a chruthachadh mar thoradh air a' phròiseact gus Gàidhlig a chleachdadhbh. Thèid prìomhachas a thoirt do phróiseactan a tha air an libhrigeadh tron Ghàidhlig. Feumaidh a h-uile pròiseact fianais a thoirt seachad san aithisg dheireannaich aca gun tàinig fàs air cleachdadhbh na Gàidhlig.

Taic do Luchd-ealain

Taic do neach-ealain fa leth no buidheann de luchd-ealain a tha ag iarraidh na sgilean aca a leasachadh, lionraidean a stèidheachadh no fuasgladh fhaighinn air cnapan-starra mòra a tha a' cur stad orra bho bhith a' ruighinn air daoine, leithid gu bheil iad a' fuireach ann an àite iomallach.

A' Cur ri Buaidh is Ruigsinneachd nan Ealain

Taic do neach-ealain fa leth no buidheann de luchd-ealain a tha airson cur ri buaidh is ruigsinneachd na h-obrach aca – mar eisimpleir, a' cumail taic ri agus a' leudachadh air dreuchdan luchd-ealain, cothroman gus an obair aca a thaisbeanadh, a' barantachadh obair ùr, stuthan sanasachd agus a' cosg airgead air modhan-dèanaimh/taisbeanaidh msaa.

Criteria and Priorities

There are five primary criteria used when evaluating applications to this fund.

- Growing Gaelic usage (**Essential**)
- Artist Support
- Developing the Impact and Reach of the Arts
- Building Skills, Resilience and Sustainability
- Economic Impact

The project must demonstrate an impact on Growing Gaelic Usage and on at least two other areas.

Growing Gaelic usage

All applications will have to demonstrate that their project will result in greater opportunities to use Gaelic. Projects which are delivered through the medium of Gaelic will be given top priority. All projects will have to provide evidence of growth in Gaelic usage in their final project report.

Artist Support

Supporting an individual artist or a group of artists seeking to develop their skills, establish networks or overcome significant barriers to engagement such as geographical isolation.

Developing the Impact and Reach of the Arts

Supporting an individual artist or a group of artists seeking to grow their involvement in the arts – for example sustaining and growing careers, showcasing opportunities, commissioning new works, promotion materials and investing in production techniques.

A' Cur ri Sgilean, Comasan is Seasmhachd

Taic do neach-ealain fa leth no buidheann de luchd-ealain gus na sgilean is comasan aca a neartachadh – mar eisimpleir, trèanadh ann an sgilean ceannais, planadh airson leatalachd luchd-dreuchd, sgilean Gàidhlig, a' leasachadh modhan is cruth na h-ealain aca agus trèanadh ann an sgilean gnothachais.

Buaidh Eaconamach

Taic do neach-ealain fa leth no buidheann de luchd-ealain gus cur ris an eaconamaidh – mar eisimpleir, barrachd teachd-a-steach, thèid àrdachadh air an àireamh luchd-tadhail, bheirear taic do ghnothachasan ionadail, thèid obraighean a chruthachadh agus thèid na sgilean obrach aig daoine a neartachadh.

Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh mu na prìomhachasan seo, neo comhairle feuch a bheil am pròiseact agaibh a' coileanadh nan slatan-tomhais, cuiribh fios gun Oifigear Ealain is Cultair, Brian Ó hEadhra aig brian@gaidhlig.scot

Building Skills, Resilience and Sustainability

Supporting an individual artist or a group of artists seeking to build resilience – for example in leadership training, succession planning, Gaelic language skills, artform development and business skills training.

Economic Impact

Supporting an individual artist or a group of artists seeking to achieve a positive economic impact – for example through generating increased turnover, growing visitor numbers, supporting local businesses, creating jobs and developing employability.

If you require further information about these criteria, or guidance as to whether your project meets the criteria, please contact Gaelic Arts & Culture Officer Brian Ó hEadhra at brian@gaidhlig.scot

Riatanasan airson gach Pròiseact

Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt taic do phròiseactan a thèid a libhrigeadh agus a thèid a chrìochnachadh eadar 1 Dùblachd 2018 agus 30 Samhain 2019.

Ìrean taic-airgead

'S e £90,000 am buidseat gu lèir airson an sgeama seo. Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£15,000** agus suas ri 90% de chosgaisean a' phròiseict. Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil sgath dhen airgead eile airson buidseat eile a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile aig Alba Chruthachail agus / no Bòrd na Gàidhlig.

Aithne

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh aithne a thoirt (nuair a tha sin iomchaidh) don taic-airgid a fhuair sibh bho Bhòrd na Gàidhlig is Alba Chruthachail airson a' phròiseict agaibh.

Feumar an suaicheantas, 'Alba Chruthachail - Maoinichte leis a' Chrannchur', a chleachdadh san fhiosrachadh uile a thèid fhoillseachadh mun phròiseact agus bidh na cumhachan is cùmhnantan airson taic-airgid bhon Chrannchur Nàiseanta mar phàirt den chùmhnant seo. Gheibhear Cumhachan is Cùmhnantan a' Chrannchuir Nàiseanta agus an suaicheantas aig Alba Chruthachail air an làrach-linaca agus feumaidh gach neach a gheibh maoineachadh suaicheantas a' Chrannchuir Nàiseanta no na briathran aca a chleachdadh gus aithne a thoirt dhaibh mar a tha an stiùireadh aca a' moladh.

Anns an iarrtas agaibh, bu chòir dhuibh mìneachadh ciamar a nì sibh seo, me, a' toirt ionradh air nuair a nì sibh margaidheachd air a' phròiseact, agus sibh a' cleachdadh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig 's Alba Chruthachail air stuthan foillsichte.

Tha fios a bharrachd air aithneachadh ri fhaighinn air làrach-linn Bòrd na Gàidhlig.

Project Requirements

Project Timeframe

The fund will support projects which will take place and be fully completed between 1 December 2018 and 30 November 2019.

Funding levels

The total budget allocated to this fund is £90,000. Applications may be made for up to a maximum of **£15,000** and up to 90% of project costs. Applicants must ensure that no other part of the project's budget comes from other Creative Scotland and / or Bòrd na Gàidhlig funding schemes.

Acknowledgment

For this funding programme, you must acknowledge (where appropriate) that Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland were the sources of funding for your project.

The Creative Scotland Lottery Funded logo must be used on all publications and that the Lottery Terms & Conditions will be part of the contractual obligation. The full Lottery Terms & Conditions and logo set are [on the Creative Scotland website](#) and all recipients of the fund must use the lottery logo or the wording for National Lottery credit as per the guidelines.

In your application, you must detail how you will achieve this, e.g. acknowledgement in project publicity, use of [Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland's logo](#) on printed materials.

Further information on acknowledgement is available on [Bòrd na Gàidhlig's website](#).

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri sgrùdadh is measadh mionaideach a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact aca a libhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad air sin san aithisg dheireannaich aca.

Gheibhear teamplaid airson an aithisg dheireannaich [air làrach-linn a' Bhùird](#) neo le bhith a' cur post-d gu tabhartas@gaidhlig.scot

Pàrantachd Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a' ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh'fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman. Tha Bòrd na Gàidhlig airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a' faotainn taic-airgid bhuainn tro na sgeamaichean maoineachaidh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Pàrantan Corporra aig <http://www.corporateparenting.org.uk/> agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gniomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a' cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a' toirt chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

Project monitoring and evaluation

All successful projects will be required to carefully monitor and evaluate their project delivery and provide evidence of this in their final report.

A template for the final report [can be found on Bòrd na Gàidhlig's website](#) or upon emailing tabhartas@gaidhlig.scot

Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil regarding enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces. Bòrd na Gàidhlig encourage projects funded by us to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting can be found at <http://www.corporateparenting.org.uk/> and a copy of Bòrd na Gàidhlig's Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people.

Iarrtasan

Cò dh' fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha Maoin Ealain na Gàidhlig fosgailte do neach no buidheann sam bith as urrainn sealltann gun tèid aca air pròiseact a thoirt gu buil tron Ghàidhlig agus slatan-tomhais an sgeama seo a choileanadh. Bheirear prìomhachas do phròiseactan ùra.

Tha a' Mhaoin seo fosgailte do phròiseactan far a bheil luchd-ealain is luchd-amhairc/luchd-èisteachd ann an Alba as mothà a gheibh buannachd bho na pròiseactan.

Chan fhaod Buidhnean Maoinichte Cunbalach aig Alba Chruthachail iarrtasan a chur dhan mhaoin seo.

Ceann-là airson iarrtasan

Feumaidh iarrtasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 5f air Dìhaoine 28mh den t-Sultain 2018.**

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir do thagraichean bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean aca mu dheidhinn a' phròiseict aca air 01463 225454 no air post-d gu tabhartas@gaidhlig.scot

An uair sin, bu chòir dhaibh am Foirm-iarrtais a lionadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, cuide ri **sgriobhainnean a bharrachd a tha dhùth.**

Bidh aig tagraichean fa leth ri fianais neo-eisimeileach a thoirt seachad air na comasan aca (teisteanasan agus lèirmheasan air obair a rinn iad roimhe) mar phàirt den iarrtas. Cuideachd bi feum air aithrisean co-cheangailte ri cleachdad na Gàidhlig agus co-ionannachd.

Bidh aig buidhnean ri sgriobhainnean cudromach co-cheangailte ri riaghlaigh na buidhne a thoirt seachad mar phàirt den iarrtas.

Gheibhear liosta iomlan de na sgriobhainnean a bharrachd a tha dhùth san foirm-iarrtais.

Applications

Who can apply?

The Gaelic Arts Fund is open to any individual or group that can demonstrate their ability to deliver a successful arts project through the medium of Gaelic and meet the criteria for this fund. Priority will be given to new projects.

This fund is open to projects which will primarily of benefit to Scottish artists and audiences.

Please note that Creative Scotland Regularly Funded Organisations are not eligible to apply through this fund.

Closing date for applications

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **5pm on Friday 28th September 2018.**

Submitting an application

Applicants should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if they have any questions about their project on 01463 225454 or via email tabhartas@gaidhlig.scot

Thereafter, applicants should complete the Application Form and submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other **necessary supporting documents.**

Individual applicants will have to supply independent evidence to confirm their abilities (references and a review of previous work) as part of the application. There will also be a requirement to supply statements in relation to Gaelic usage and equalities.

Organisations will have to supply important documents connected with governance as part of the application.

A full list of the necessary supporting materials is outlined in the application form.

Faodar am foirm-iarrtais a chur a-steach gu:

Post-d: tabhartas@gaidhlig.scot

Post: Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig gach tagraiche nuair a tha iad a' cur an iarrtais aca a-steach.

A' measadh iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bhòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca.

Thèid measadh a dhèanamh air gach pròiseact freagarrach san Dàmhair/san t-Samhain 2018 le pannal le riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail agus iad a' toirt sùil air na leanas:

- Mar as urrainn don phròiseact fàs a thoirt air cleachdadhbh na Gàidhlig
- Mar as urrainn don phròiseact adhartas a dhèanamh mu choinneamh co-dhiù a dhà de na slatan-tomhais eile (Taic do Luchd-ealaín; A' Cur ri Buaidh is Ruigsinneachd nan Ealaín; A' Cur ri Sgilean, Comasan is Seasmhachd; Buaidh Eaonamach)
- Cho soilleir 's a tha na toraidhean ris a bheil dùil leis a' phròiseact
- Cho soilleir 's a tha na modhan-obrach a thèid a chleachdadhbh gus fianais a chruinneachadh is coileanadh a sgrùdadhbh
- Dearbhadh gun urrainn don tagraiche am pròiseact a lìbhrigeadh
- Gum faighear luach an airgid às a' phròiseact, m.e, toraidhean matha an coimeas ris an ire mhaoineachaiddh a thathar a' sireadh
- Gun deach na sgrìobhainnean a bharrachd a chaidh iarraidh a thoirt seachad

The form can be submitted by:

E-mail: tabhartas@gaidhlig.scot

Post: Bòrd na Gàidhlig
Great Glen House
Leachkin Road
Inverness
IV3 8NW

It is essential that all applicants have an active UK bank account at the time of applying.

Application review process

All applicants will receive an acknowledgement to confirm that Bòrd na Gàidhlig received their application.

All eligible projects will be assessed in October/November 2018 by a panel made up of Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland representatives who will look at the following:

- The potential of the project to grow Gaelic usage
- The potential to progress at least two of the other criteria (Artist Support; Developing Impact and Reach of the Arts; Building Skills, Resilience and Sustainability; Economic Impact)
- The clarity of the expected project outcomes
- The clarity of expected evidence gathering and monitoring processes
- Evidence of ability to deliver the project
- That the project represents good value for money i.e. quality outcomes in relation to the level of funding sought
- That the supporting documents requested have been provided

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnайдhean a' phannail san t-Samhain 2018.

Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ri iarrtas, thèid litir-tairgse a chur chun an tagraiche. Innsidh sin dè am maoineachadh a thathar a' faighinn (an t-sùim agus an àireamh às a' cheud) agus dè na cumhachan maoineachaidh a th' ann.

Thathar an dùil gun tèid 80% den mhaoineachadh a phàigheadh nuair a thilleas an tagraiche an cùmhnant agus nuair a gheibhearn dearbhadh air cuin a tha am pròiseact a' tòiseachadh agus am fiosrachadh banca aig an tagraiche.

Thèid am 20% mu dheireadh a phàigheadh nuair a thèid crìoch a chur air a' phròiseact agus nuair a gheibhearn aithisg dheireadannach leis a bheil sinn riaraichte, agus fianais air na chaidh a choileanadh. Dh'fhaodadh gun tèid an t-sùim seo a lùghdachadh a rèir dè an teachd-a-steach is dè na cosgaisean a bh' ann aig deireadh a' phròiseict.

Fios a bharrachd

Airson fios a bharrachd mun a' mhaoin seo, cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig aig tabhartas@gaidhlig.scot no cur fòn gu 01463 225454.

Gheibhearn fiosrachadh mu phriobhaideach a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh againn [air-loidhne](#).

Gheibhearn barrachd fiosrachaidd cuideachd air làraichean-lìn [Bòrd na Gàidhlig](#) agus [Alba Chruthachail](#).

Applicants will be informed of the panel's decisions in November 2018.

Successful applications

If a funding application is successful, a letter of offer will be sent to the applicant. This will explain the level of funding agreed (amount and percentage) and the conditions that apply.

It is expected that 80% of the award will be paid on the return of the contract along with confirmation of the project start date and the applicant's bank details.

Payment of the final 20% will be at the end of the project and will be conditional on receiving a satisfactory final report, along with evidence of what has been achieved. This payment may be reduced depending on need in terms of final income and expenditure.

More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at tabhartas@gaidhlig.scot or call 01463 225454.

Privacy information relating to our funding schemes [can be found online](#).

More information can also be found on the websites of [Bòrd na Gàidhlig](#) and [Creative Scotland](#).